

MG

ALBA

PASGAN FASTAIDH

CLAR-INNSE

FÀILTE BHON AO	3
AR SAOGHAL	4
AR LUACHAN	5
TUAIRISGEUL OBRACH	6
SGILEAN & EÒLAS	7
SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH	9

Facal bhon Àrd-Oifigear againn...


Tha an dreuchd ùr seo air leth cudromach do shoirbheachas ar lèirsinn agus ar rùn. Tha feum againn air stiùiriche eòlach, le tuigse coimeirsealta gus obrachadh leis an luchd-ùidhe againn gus ar planaichean fais agus seasmhachd ionmhais a thoirt gu buil.

Is e cothrom a tha seo don neach cheart a thiginn còmhla rinn fhad 's a tha a' bhuidheann againn a' leantainn tro àm de chruth-atharrachadh agus fhad 's a tha cruth-tìre poilitigeach agus sòisealta air an taobh a-muigh ag atharrachadh.

Is e àm brosnachail a th' ann a bhith mar phàirt de rudeigin luachmhor, cruth-atharrachail agus dileab a chruthachadh don luchd-ùidhe againn san àm ri teachd.

Anns a' phasgan seo gheibh thu an sanas, an tuairisgeul obrach, an sònrrachadh pearsanta agus stiùireadh airson tagradh a chur a-steach.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri ur tagradh.




Dòmhnaill Caimbeul
21/6/24

AR SAOGHAL



GÀIDHLIG ANNS GACH



AIRSON GACH NEACH

BBC ALBA

AR LUACHAN

CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Gàidhlig

LUCHD AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd amhairc

ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathais

CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh

SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach



Stiùiriche Compàirteachais & Leasachaидh

Tiotal obrach	Stiùiriche Compàirteachais & Leasachaидh	Ìre	F	Uairean seachdaineil	37
---------------	--	-----	---	----------------------	----

Àite	Steòrnabhagh le siubhal tric				
Adhbhar	Tog seasmhachd MG ALBA agus roinn chruthachail na Gàidhlig				
Tuarastal	A rèir eòlas				
Cunntachail gu	Àrd-Oifigear				
Ag obair le	<p><u>In-taigh</u> – Stiùiriche Susbaint, Àrd-Sgioba Stiùiridh, Manaidsear Cùisean Corporra, Buill a' Bhùird, sgioba ceannardais thar MG ALBA air fad</p> <p><u>A-muigh</u> – iadsan a tha a' ruighinn cho-dhùnайдhean aig luchd-ùidh maoineachaidh, co-obraichean aig Ofcom, BBC Scotland, Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Leasachadh Sgilean na h-Alba, Ùghdarris lonadail (uachdaran), agus eile.</p>				
Amasan	<p>Dèan iomadachadh air tobraichean maoineachaidh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cruthaich sruth de phròiseactan co-nbrachaidh a chuireas ri luach agus obair na buidhne • Brosnaich cleachdadh innleachdail de maoineachadh MG ALBA ann an co-iomairtean sgrion cruthachail • Glèidh maoineachadh pròiseict • Suidhich MG ALBA taobh a-staigh iomairtean nas fharsainge <p>Neartaich MG ALBA airson ama ri teachd mheadhanan didseatach:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tog comas in-taigh airson cruthachadh aontaidhean agus co-bhanntachdan • Brosnaich atharrachadh buidhne <p>Brosnaich co-obraichean, compàirtichean agus luchd-ùidhe:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Seall luachan agus modhan-giùlain pearsanta • Cur an cèill lèirsinn, dìcheallachd agus misneachd • Tarraing com-pàirtichean comasach tro sgilean pearsanta agus proifeasanta 				
Priomh Thoraidhean	<ol style="list-style-type: none"> 1. Meudachadh ann an sruth phròiseactan co-nbrachail 2. Fàs ann an luach agus maoineachadh treas pàrtaidh ann am pròiseactan sgrìn agus sgilean 3. Adhartas ann an cruth-atharrachadh na buidhne, luach an airgid agus cleachdadh maoineachaidh mar sheilbheat gus toradh a chruthachadh san àm ri teachd 4. Misneachd luchd-ùidhe ann an ro-innleachdan airson roinn sgrìn na Gàidhlig 				
Priomh Ghniomhan (samhla)	<ol style="list-style-type: none"> a) Comharrach agus àraich caidreachasan ro-innleachdail b) Obraich gu dlùth leis an Stiùiriche Susbaint gus eileamaidean comasach air teachd-a-steach filleadh a-steach do dhealbhaidhean pròiseict cruthachail 				

- c) Rannsaich modalan agus dòighean maoineachaidh ùr-ghnàthach
- d) Riochdaich MG ALBA ann an còmhraidhean coimeirsealta nuair a bhios sin iomchaidh
- e) Obraich le sgiobaidhean air an taobh a-staigh ann a bhith a' togail agus a' cumail suas com-pàirteachasan coimeirsealta co-cheangailte ri susbaint
- f) Leasaich adhbharan maoineachadh airson MG ALBA no pròiseactan co-obrachail
- g) Cruthaich miann luchd-ùidh nas fharsainge gus déligeadh ri dùbhlain roinneil
- h) Dèan conaltradh le stiùirichean gnìomhachais agus luchd-tairgse gus MG ALBA a shuidheachadh taobh a-staigh iomairtean maoineachaidh pròiseict nas fharsainge
- i) Dèan sponsair air agus, nuair a bhios feum air, stiùir pròiseict cruth-atharrachaидh cultar is siostaman MG ALBA
- j) Thoir seachad stiùireadh agus trèanadh do luchd-obrach mu leasachadh com-pàirteachais èifeachdach agus stiùireadh pròiseict
- k) Riochdaich MG ALBA air Bòrd Co-bhanntachd BBC ALBA.

Fad:

Maireannach le ùine dearbhaidd soirbheachail 6 mìosan

Sgilean agus Eòlas

	Riatanach	Miannichte
Teisteanasan / Eòlas beatha	<ul style="list-style-type: none">Eòlas dhearbhte ann a bhith a' stiùireadh teachd a-steach tro cho-obrachadh buadhachMBA /Ceum Stiùireadh Gnothachais no eòlas dha-rèir aig ìre SCQF 11Eòlas-ghníomha air obair compàirteachais & togail dhàimhean coimeirsealta	<ul style="list-style-type: none">Eòlas sna meadhananCeannardas sgiobaidhean
Eòlas	<ul style="list-style-type: none">Seasmhachd ionmhaisFàs GnothachaisTobraichean maoineachaidh ann an Alba	<ul style="list-style-type: none">Meadhanan CruthachailCothroman maoineachaidh aig ìre RA agus eadar-nàiseantaEòlas ùr-ghnàthachaidh
Sgilean	<ul style="list-style-type: none">Neach-meòrachaidh ro-innleachdailA bhith spionnmhorNeach-conaltraidh làidirÙr-ghnàthachFor-ghníomhachMicrosoft Teams	<ul style="list-style-type: none">Co-rèiteachadh aig àrd-ìre
Iarrtas cànan	<ul style="list-style-type: none">Neach-ionnsachaidh na Gàidhlig a tha dealasach a thaobh comas-comais a ruighinn	<ul style="list-style-type: none">Fileantach
Modhan- giùlain	<ul style="list-style-type: none">Tog dàimhean gu furastaDìcheallachTreibhdhireachEarbsachSgilean eadar-phearsantaGu nàdarra feòrachail & rannsachail	<ul style="list-style-type: none">Mothachail gu sòisealta

Sanas

Mar ar Stiùiriche Compàirteachais & Leasachaидh bidh thu nad neach-smaoineachaidh ro-innleachdail agus nad neach-nuadhachaидh fàis. Ag obair gu dlùth leis an Àrd-Oifigear agus priomh luchd-ùidhe eile cuidichidh tu le bhith a' dèanamh cinnteach à seasmhachd ionmhasail MG ALBA tro iomadachadh teachd-a-steach, togail comais agus conaltradh le luchd-ùidh.

Bhiodh tu a' tighinn gu buidheann aig fior aghaidh solar nam meadhanan Gàidhlig, a' cumadh agus a' daingneachadh ar tabhartasan san àm ri teachd.

Mu dheidhinn na dreuchd

- Leasaich agus cuir an gnìomh ro-innleachd fàs gnìomhachais agus com-pàirteachais ann an co-obrachadh leis an Àrd-Oifigear.
- Cleachdadh modaileadh ionmhais, mion-sgrùdadadh farpaiseach, agus molaidhean ùr-ghnàthach gus sruthan teachd-a-steach seasmhach a dhaingneachadh agus fhàs.
- Tog comas co-rèiteachaidh na buidhne.

Gus a bhith soirbheachail san dreuchd seo, bidh eòlas farsaing agad ann an leasachadh gnìomhachais àrd-ìre. Chan fheum thu a bhith nad eòlaiche air na meadhanan cruthachail ach bheir thu beairteas de dh'eòlas agus de shealladh a tha a' freagairt air feumalachdan na roinne againn.

Bidh thu èasgaidh agus comasach air cursa a stiùireadh gu furasta tro dhiofar dhùblain. Bidh feum agad air sgilean conaltraidh agus taisbeanaidh air leth, a bharrachd air ìrean àrda de chomas ionmhais, gus an urrainn dhut com-pàirteachasan maireannach a chruthachadh. Agus bidh thu cleachdte ri bhith a' riaghlaigh bhuidseatan gun strì agus a' cleachdadh meatraigs dèanadais gus molaidhean a chur mu choinneimh co-dhùnaidhean ro-innleachdail.

Còmhla ri tuarastal tarraingeach, bidh cothrom agad cuideachd air raon de shochairean, a' gabhail a-steach:

- Sgeama peinnsein - 10% tabhartas bhon chompanaidh, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh
- 31 làithean-saora bliadhnaile agus 6 làithean-poblach
- Cothroman ballrachd *gym*
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuaire aithne mar Investors in People (Platinum), We Invest in Wellbeing (Òr) agus Investors in Young People (Òr).
- Taic gluasaid ri fhaighinn, far a bheilear a' coinneachadh ri slatan-tomhais

Ceann-latha dùnaidh airson tagraichean - **Dihaoine 12 luchar 2024**, cha ghabhar ri tagraichean fadalach.

Agallamhan

- Seachdain a' tòiseachadh 22 luchar 2024: ciad agallamh air-loidhne
- Eadar 29 luchar & 9 Lùnastal: Gníomhan Measaidh
- Seachdain a' tòiseachadh 19 Lùnastal 2024: dàrna agallamh in-pearsa

Stiùireadh airson Tagradh:

Feuch an cuir thu do CB agus litir-chòmhdachaidh gu laura.rennie@mgalba.com a' mineachadh carson a bu chòir beachdachadh ort agus do thugse air mar as urrainn dhut an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail, a' toirt seachad eachdraidh dhearbhte de dh'eòlas anns na pìomh raointean a tha a dhìth oirnn.

MÒRAN TAING!

